


Sàr, Obair -  
Ire D





# Stiùireadh air mar a chleachdar am pac

Chaidh am pac seo a chur ri chèile gus am biodh stòr de stuthan-teagaisg cànanain ann airson tidsearan aig ceann shuas na bun-sgoile. Tha am pac a' gabhail a-staigh sgilean ann an èisteachd, labhairt, leughadh agus sgrìobhadh. Tha an obair anns a' phac stèidhichte air na h-iallan ann an Stiùireadh Nàiseanta Gàidhlig 5-14 airson Ìre D, le gnìomhan ann cuideachd airson clann a tha ag obair gu ruige Ìre E. Airson tidsearan le clann aig diofar ìrean, tha gnìomhan ann a ghabhas atharrachadh rud beag airson an dèanamh freagarrach don h-uile duine anns a' bhuidhinn.

Tha an **clàr-innse** a' sealltainn nan aonad a tha anns a' phac.

Cha bhi ùine aig tidsear sam bith a h-uile gnìomh anns a h-uile aonad a chleachadh, Feumaidh an tidsear aonadan a thaghadh a bhios feumail don chlas aige/aice no do bhuidhinn anns a' chlas.

## **Duilleag-clàraidh:**

Tha duilleag-clàraidh ann an dèidh a' chlàir-innse airson sealltainn dè na h-aonadan a rinn gach buidheann ann an clas. Cuidichidh seo an ath thidsear gus faicinn dè an obair a chaidh a dhèanamh mu thràth. 'S dòcha gum bi tidsearsn airson pàirt de dh'aonad a theagasg ann an aon teirm agus pàirt eile nas anmoiche anns a' bhliadhna. Cuidichidh an duilleag-clàraidh iad le seo.

## **Measadh.**

Tha na h-uimhir ann ri theagasg ann an cànan aig Ìrean D agus E. Tha e cudromach gu bheil fios aig tidsearan dè na sgilean a tha aig na sgoilearan mu thràth agus dè na sgilean a tha feumach air leasachadh. Tha na duilleagan anns an aonad 'Measadh' airson tidsearan a chuideachadh seo fhaicinn, 's dòcha aig toiseach bliadhna no aig toiseach gach teirm. Gabhaidh na duilleagan anns an aonad seo a chleachadh airson measadh a dhèanamh air pìos sgrìobhaidh sam bith a rinn a' chlann. Dh'fhaodadh an tidsear measadh mionaideach a dhèanamh air pìos sgrìobhaidh a rinn a' chlann aig deireadh an teirm roimhe. Ma tha a h-uile duine ann am buidhinn sgrìobhaidh math air sgrìobhadh mu character, mar eisimpleir, chan fhiach e tòrr ùine a chosg a' teagasg an sgil sin. 'S dòcha gum faic thu bhon mheasadh gum biodh e na b' fheàrr barrachd ùine a chosg a' leasachadh sgil nach eile cho làidir – puingeachadh mar eisimpleir, no planadh no rudeigin eile.

### **Aonadan:**

An dèidh dhut aonad a thaghadh, coimhead thairis air airson na gnìomhan as freagarraiche a thaghadh agus airson na rudan a dh'fheumas tu fhaighinn deiseil. Uaireannan tha earrann ri leughadh agus feumaidh an tidsear dèanamh cinnteach gu bheil lethbhreac den earrainn aig gach sgoilear, (no gum faic a h-uile sgoilear an earrann co-dhiù). 'S dòcha gum bi feum air, mar eisimpleir, nobhail, clàradh de phrògram rèidio no telebhisein, no air lethbhric de dhuilleag-obrach.

Taobh a-staigh nan aonad tha:-

a) ro-ràdh – ag innse carson a tha an t-aonad sin ann

b) stiùireadh do thidsearan - le eisimpleirean de dhòighean air an sgil sin a theagasg. 'S e dìreach eisimpleirean a th' ann. Cha bhi a h-uile fear freagarrach airson a h-uile buidhne no airson a h-uile tidseir. A bharrachd air an sin, bidh dòighean teagasg aig gach tidsear a tha cheart cho feumail. Ach tha an earrann seo a' toirt dhuibh feadhainn airson tòiseachadh gus am bi rudeigin ann air an tarraing sibh airson gach iall ann an Stiùireadh Nàiseanta 5-14 a theagasg no a leasachadh.

c) eisimpleirean – Anns na h-aonadan airson leughadh agus sgrìobhadh tha earrannan air an togail bho theacsaichean de dhiofar sheòrsaichean a ghabhas cleachdadh le buidhinn leughaidh, le buidhinn sgrìobhaidh no leis a' chlas air fad. Tha puingean ri dheasbad no puingean teagasg ann airson gach earrainn airson deasbad a bhrosnachadh agus airson dèanamh cinnteach gun tuig a' chlann na prìomh phuingean.

d) gnìomhan – Tha gnìomhan ann do na sgoilearan anns gach aonad – mar eisimpleir, rudeigin ri leughadh, ri rannsachadh no ri sgrìobhadh. Tha duilleagan-obrach anns a' chuid as motha de na h-aonadan cuideachd. A-rithist, cha bhi ùine aig a' chloinn a h-uile gnìomh ann an cuid de na h-aonadan a dhèanamh. Feumaidh an tidsear an fheadhainn as freagarraiche a thaghadh. Tha na duilleagan-obrach feumail airson measadh dè cho math 's a thuig a' chlann obair an aonaid, no pàirt den aonad. Ann an cuid de na h-aonadan tha duilleagan-measaidh fa leth, a ghabhas cleachdadh mus tòisich buidheann air an aonad, airson faighinn a-mach dè an t-eòlas a tha aca air a' chuspair mu thràth, agus cuideachd aig deireadh an aonaid, airson faighinn a-mach a bheil càil ann nach tuig iad fhathast.

e) Ann an cuid de na h-aonadan, tha liosta de stuthan-teagasg eile a dh'fhaodadh a bhith feumail airson an sgil sin a leasachadh.

f) Freagairtean – ann an cuid de na h-aonadan, tha duilleagan ann le freagairtean airson nan duilleagan-obrach. Gu math tric chan eil aon fhreagairt ceart ann. 'S e beachd an sgoileir agus an comas aige/aice sgilean an aonaid a chleachdadh a tha cudromach. 'S fhiach coimhead air freagairtean nan sgoilear leis a' bhuidhinn agus brosnachadh a thoirt do na sgoilearan am freagairtean a cho-phàirteachadh (nuair a tha a h-uile duine deiseil!) agus/no a mhìneachadh. Ionnsaichidh a' chlann tòrr bho dheasbad mar sin.

g) Ann an cuid de na h-aonadan tha duilleag le na prìomh phuingean. Gabhaidh seo a mheudachadh airson taisbeanadh air balla a' chlasruim mar stuth-teagasg, no dh'fhaodadh a h-uile sgoilear lethbhreac den duilleig fhaighinn.

Tha mi an dòchas gun lorg sibh uile stuthan feumail anns a' phac airson sgilean cànan nan sgoilear a leasachadh agus gun còrd e ri na sgoilearan a bhith a' bruidhinn mu dheidhinn nan teacsaichean agus a' dèanamh nan gnìomhan agus nan duilleagan-obrach.

